



Tìotal: Ar Teaghlaichean Ìre: TRÀTH

Ceanglan CfE

Eòlasan/Builean	Slatan-tomhais
Tha fios agam gu bheil daoine nar beatha a ghabhas cùram dhinn agus a choimheadas às ar dèidh, agus tha mi mothachail gum faod daoine a bhith fo chùram phàrantan, luchd-cùraim agus inbhich eile. HWB 0-45a	<ul style="list-style-type: none">Fiosrachadh mu dhaoine a chuidicheas, me tidsearan, daoine bhon teaghlach/càirdean.Fios gum faod cùram tighinn bho ghrunn dhiofar dhaoine.Aithneachadh gum bi teaghlaichean air an dèanamh suas le diofar dhaoine.

Amasan Ionnsachaidh

- Gum bruidhinn clann mun teaghlach aca fhèin.
- Gun urrainn do chlann cunntas a thoirt air dreuchd (giùlan) phàrantan/luchd-cùraim
- Gun urrainn do chlann cunntas a thoirt air diofar shuidheachaidhean teaghlaich.

Slatan-tomhais Soirbheachaidh

- Tha mi a' tuigsinn gu bheil teaghlaichean air an dèanamh suas de dhiofar dhaoine a tha a' toirt cùram dhuinn.
- 'S urrainn dhomh smaoinichadh air an teaghlach agam fhìn.
- Tha fios agam gu bheil còir agam air cùram ann an dòighean sònraichte agus carson a tha seo cudromach .
- Tha fios agam gu bheil diofar sheòrsachan cùram ann agus gum bi iad a' tighinn bho dhiofar dhaoine. I know that care can be different and come from different people.
- Tha mi a' tuigsinn gu bheil tòrr dhiofar sheòrsachan teaghlaich ann.
- Tha mi a' tuigsinn gu bheil a h-uile neach a' tighinn bho dhiofar sheòrsaichean teaghlaichean. I appreciate that everyone comes from different kinds of families.
- Tha mi ag ionnsachadh spèis a thoirt do bheatha dhiofraichte dhaoine. I am learning to respect how people's lives are different.

Ceangal ris an Dachaigh

Tha fiosrachadh do phàrantan agus do luchd-cùraim aig gach ìre air làrach RSHP. Tha ceanglaichean ris an dachaigh ann am feadhainn de na gnìomhan a thathar a' moladh. Tha leabhraichean air am moladh airson an ionaid/sgoil – ghabhadh iad seo cuideachd cur dhan leabharlann.

Prìomh fhaclan/briathrachas

- Antaidh
- Bràthair
- Co-ogha
- Athair/Dadaidh/Dad (agus eile)
- Seanair/Shen (agus eile)
- Seanamhair/Granaidh (agus eile)

- Duine/fear-pòsta
- Màthair/Mamaidh/Mam (agus eile)
- Cèile
- Piuthar
- Uncail
- Bean

OBAIR

Gabhaidh ionnsachadh planadh, faodaidh e tachairt nuair a dh'èireas cothrom-ionnsachaidh gu nàdarra nuair a tha clann agus luchd-foghlaim a' còmhradh, no nuair a thachras rudeigin sònraichte. Tha e fìor cuideachd gun urrainn dhuinn fhìn na cothroman sin a chruthachadh, mar sin tha beachdan an seo air leabhraichean, cluich agus gnìomhan eile a chuireas taic ri ionnsachadh RSHP aig tràth-ìre.

A' bruidhinn mun teaghlach agam

Aig àm cearcaill no ann an còmhradh faodar a' chlann a bhrosnachadh gus bruidhinn air daoine a th' anns an teaghlach aca – na bhios iad a' dèanamh còmhla riutha, cò bhios a' cluich còmhla riutha, a bhios a' leughadh stòiridh dhaibh no a' dèanamh tì. Dh'fhaodadh sibh bruidhinn air na diofar ainmean a bhios a' chlann a' cleachdadh airson buill dhen teaghlach aca. Cuidichidh na còmhraidhean seo tuigse na cloinne mu dhàimhean teaghlaich. 'S dòcha gum bi cuid den chloinn a' fuireach còmhla ri feadhainn eile san teaghlach seach am pàrantan.

Craobh an dàimh

Dèan Craobh Dàimh airson dàimhean teaghlaich a shealltainn gus gun gabh ainmean nan diofar bhall teaghlaich innse. 'S e deagh dhòigh tha seo airson faighinn a-mach dè na h-ainmean a bhios a' chlann a' cleachdadh airson am pàrantan (Mam, Mamaidh msaa) agus an seana-phàrantan (a' gabhail a-steach ainmean bho chànanan eile san dachaigh). Mus tòisich sibh air an seo bu chòir eòlas a bhith agaibh air suidheachaidhean dachaigh na cloinne – me, ma tha clann fo chùram chuideigin eile às dèidh bàs 's msaa.

Family portraits

Faodaidh clann dealbh a dhèanamh dhen teaghlach aca agus sgrìobhadh no bruidhinn mun dealbh. Bu chòir am brosnachadh gus neach sam bith a thogras iad a chur dhan dealbh, daoine nach eil a' fuireach còmhla riutha cuideachd. Faodar aire a tharraing gu diofar structaran teaghlaich agus gabhail riutha. Cleachdaibh na dealbhan gus coimeas a dhèanamh eadar na teaghlaichean: Tha Agamsa, tha... agadsa...

Coimhead dhealbhan de dhiofar theaghlaichean Cleachd dealbhan mar thaic gus sgrùdadh a dhèanamh air diofar theaghlaichean – feadhainn aca beag agus feadhainn aca mòr, 2 phàrant, aon phàrant – sean-phàrantan a ‘ coimhead às dèidh clann. ***Tha dealbhan PowerPoint an cois an stuth.***

Oisean Dachaigh Tha tòrr mòr chothroman cluich rim faotainn ann am pàirt de rùm air a chur air dòigh mar thaigh. Gabhaidh nigheanan agus balaich am brosnachadh gus ge bith dè an ‘dreuchd’ a thogras iad a ghabhail san t-suidheachadh seo.

Tachartasan teaghlaich Gabhaidh tachartasan teaghlaich a chomharrachadh nuair tha sibh cruinn còmhla, ann an còmhradhean fa leth agus mar phàirt de chluich còmhla ri clann. Faodaidh sibh coimhead air dealbhan agus sgeulachdan mu thachartasan teaghlaich agus bainsean ‘s msaa – faodar teaghlaichean a bhrosnachadh gus dealbhan a chur a-steach de thachartasan aig an robh a’ chlann airson cothrom a thoirt dhaibh innse do chàch mun deidhinn. Thoiribh cuireadh do phàrantan agus co-obraichean tighinn agus dealbhan a shealltainn agus sgeulachdan innse mu thachartas teaghlaich a bh’ aca.

Amannan Duilich Tro chòmhradh agus cluich faodaidh sibh cuideachd ionnsachadh mu fhaireachdainnean agus suidheachaidhean a bhios a’ tachairt ann an teaghlaichean , faodaidh clann a bhith gu math brònach ma tha cuideigin gu math tinn, nuair a dh’fhàgas cuideigin no nuair a bhàsaicheas cuideigin. Ged a tha seo doirbh, tha cothroman ann taic a thoirt do chlann, nuair a thachras a leithid, mar eisimpleir nuair a bhàsaicheas cuideigin.

Bu chòir do phàrantan agus luchd-cùraim – tro chonaltradh cunbhalach cuid ris an dachaigh - a bhith air am brosnachadh fios a leigeil ma tha clann a’ dèiligeadh ri suidheachadh mar seo – airson ‘s gum bi tuigse ann a thaobh an giùlan, mar a tha iad a’ cluich/a’ bruidhinn – gun fhios nach eil buaidh aig na tha dol air na rudan seo.

Atharrachaidhean san teaghlach Tòisich còmhradh air mar a bhios teaghlaichean ag atharrachadh - agus cleachd eòlas na cloinne. Nuair a tha bèibidh ùr a’ tighinn. Nuair a tha pàrantan a’ tachairt air companaich ùra. Nuair a tha bràithrean/peathraichean ùra ann an suidheachadh teaghlaich ùr. Tha cuid de na leabhraichean san liosta gu h-ìosal a’ bruidhinn mu dhiofar theaghlaichean agus mu atharrachadh ann an teaghlaichean. A-rithist faodar pàrantan a bhrosnachadh gus innse mu atharrachaidhean sna suidheachaidhean teaghlaich aca.

LEABHRAICHEAN A LEUGHAS SIBH CÒMHLA NO A GHEIBH SIBH AIR IASAD

Thoiribh sùil air an liosta shlàn a gheibhear aig Tràth-ìre.

Bheir na leabhraichean seo cothroman còmhraidh dhuibh air na cuspairean ris a bheilear a dèiligeadh, gabhaidh an cleachdadh còmhla ri clas no buidheann, an leughadh do dhithis no barrachd chloinne gus taic a chur ri prìomh phuingean ionnsachaidh. Dh'fhaodar pàrantan agus luchd-cùraim a bhrosnachadh gus an leughadh san dachaigh cuideachd.

The Great Big Book of Families

Mary Hoffman ISBN 1847805876

Comharrachadh air an iomadh diofar seòrsa teaghlaich a tha ri fhaighinn an diugh.

The Family Book

Todd Parr ISBN 0316070408

Tha an leabhar seo a' comharrachadh a' ghaoil a th' againn dhar teaghlaichean agus a liuthad seòrsa teaghlaich a th' ann. Ged a tha dà mhàthair agad, dà athair, teaghlach mòr no beag, teaghlach sgiobalta no teaghlach lùireach, tha Todd Parr ag innse gu bheil gach teaghlach sòraichte san dòigh aca fhèin.

Families, Families, Families!

Suzanne Lang ISBN 9780552572927

Ma tha gaol agaibh air a chèile, tha sibh nur teaghlach. Faigh a-mh mu theaghlaichean gòrach bheathaichean san leabhar seo a tha a' comharrachadh a' ghaoil th' ann an teaghlaichean mòr agus beag.

Who's in a Family

Robert Skutch ISBN 1883672139

Tha Teaghlach cudromach, ach cò th' ann an teaghlach? 'S e teaghlach na daoine aig a bheil gaol ort barrachd na th' aca air daoine eile! Chan eil beachdan stèidhichte aig an leabhar idir air na th' ann an teaghlach. Tha fiù 's àite air a thoirt do theaghlaichean nan ainmhidhean a tha a' còrdadh ri clann.

We belong together: a book about adoption and families

Todd Parr ISBN 0-316-01668-3

Tha tòrr dhiofar dhòighean ann air teaghlach a dhèanamh. Chan fheum sibh ach gaol.

Do you sing twinkle? A story about remarriage and new family

Sandra Levins ISBN 1433805391

Faodaidh e bhith doirbh do phàiste fàs cleachdte ri suidheachadh ùr nuair a ghluaiseas pàrant a-mach. Ma phòsas am pàrant a-rithist, agus ma tha clann aig an neach sin mar thà, faodaidh gnothaichean a bhith doirbh an tuigsinn. Air innse tro shùilean balach beag, tha an leabhar seo a' dèiligeadh ri mòran de na ceistean agus na faireachdainnean a bhios aig clann fhad 's a tha iad a' fàs cleachdte ri pòsadh agus teaghlach ùr às dèidh dham pàrantan dealachadh.

Mommy, Mama and Me

Leslea Newman ISBN 1582462631

Tha an teacsa le ruitheam agus na dealbhan san leabhar seo a' sealltainn pàiste a' cur seachad latha còmhla ri mhàthraichean. Bho fhalach-fead gu aodaichean còimheach, àm amair agus pòg airson oidhche mhath, chan eil crìoch air na nì teaghlach gaolach còmhla.

King and King

Linda de Haan ISBN 1582460612

Uair den t-saoghal bha prionnsa ann, chuir a mhàthair roimhpe gum feumadh e pòsadh ro dheireadh an t-samhraidh. Mar sin thòisichear a' lorg cèile dhan phrionnsa agus... b' e Lee an t-ainm a bh' air. Tha sibh air ur fiathachadh chun na bainnse ris nach robh dùil. Sgeulachd mu ghaol agus a bhith beò gu toilichte gu bràth tuilleadh.